



## COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

### TAIC DO PHRÒISEACTAN BEAGA GÀIDHLIG

#### SUPPORT FOR SMALL GAELIC PROJECTS

#### FOIRM-IARRTAIS / APPLICATION FORM

##### MU DHEIDHINN NA BUIDHNE / ABOUT YOUR ORGANISATION

**Ainm na Buidhne / Name of Your Organisation**  
Comunn na Gàidhlig

**Ainm a' Phròiseict / Name of the Project**  
CnaG @ 40 – Co-Labhairt

**Cathraiche / Chairperson**

Calum Iain Macleoid

**Fòn / Telephone**

01851701802

**Fòn-Làimhe / Mobile Phone**

07751896192

**Seòladh Iarrtais / Application Address**

An Tosgan  
54 Seaforth Road  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS2 2SD

**Post-d / e-mail**

marina@cnag.org

**Làrach-Lìn / Website**

www.cnag.org

**Obair na Buidhne / Nature of Organisation's Work**

Chaidh Comunn na Gàidhlig a stèidheachadh ann an 1984 gus leasachadh na Gàidhlig a cho-òrdanachadh, agus 's e companaidh earranta le inbhe charthannais a th' ann. Anns an latha an diugh tha a' chompanaidh an sas an obair leasachaidh, gu sonraichte am measg òigridh, fo chùmhnaidh aig Bord na Gàidhlig agus grunnan ughdarasan ionadail. Tha oifisean aig CnaG ann an Inbhir Nis, agus Steòrnabhagh agus luchd-obrach a bharrachd ann an Leòdhas – Loch a Tuath, Steòrnabhagh, àrd-sgoil MhicNeacail, Na Lochan, Iar Thuath Leòdhais, Uig is Breascleit, Uibhist a Tuath, Uibhist a Deas, Barraigh, Na Hearadh, an Eilean Sgiathanach, Ìle, Oban, Loch Abair is Dùn Èideann.

**A bheil Poileasaidh Gàidhlig aig a' Bhuidheann agaibh? / Has your Organisation got a Gaelic Policy?**

Tha poileasaidh Gàidhlig ChnaG a' daingneachadh gu bheil an cuid obrach air fad air a chumail sa Ghàidhlig.

## MU DHEIDHINN A' PHRÒISEICT / ABOUT YOUR PROJECT

Innsibh dhuinn beagan mun phròiseact, agus ciamar a bhios am pròiseact a' coileanadh nan trì Amasan Ro-innleachdail taobh a-staigh Plana Gàidhlig na Comhairle, mar a leanas:

- Gàidhlig a neartachadh mar chànan taobh a-staigh an teaghlaich
- Gàidhlig a neartachadh mar chànan sa choimhearsnachd
- An àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan àrdachadh

Tell us briefly here about your project, and the ways in which your project meets any of the three Strategic Objectives in the Comhairle's Gaelic Language Plan, namely:

- To strengthen Gaelic as a language in the family
- To strengthen Gaelic as a language in the community
- To increase the number of Gaelic speakers in the Islands

Tha sinn a' cur tachartasan air dòigh gus comharrachadh 40 bliadhna de Chomunn na Gàidhlig – 40 bliadhna de leasachadh na Gàidhlig.

Tachartasan brosnachail a bhios a' freagairt air agus ag amas air gach amas seo.

Co-labhairt seachdain na Gàidhlig 2025 – leasachadh na Gàidhlig-

Thèid seo a chumail ann an Steornabhagh agus a' toirt saoghal na Gàidhlig còmhla gus coimhead air an adhartas thar na 40 bliadhna a dh'fhalbh agus gu mòr a' coimhead air thoiseach agus dè na ceumanan as cudromaiche airson adhartas dhan chànan agus a' choimhearsnachd sna bliadhnaichean ri thighinn.

Tha sinn an dùil gum bidh riochdairean bhon Chomhairle a' gabhail pàirt ann agus gum bidh seo a' freagairt air amasan na Comhairle fhèin a thaobh na Gàidhlig.

Tha sinn an dùil gum bidh an Iar Phrìomh Ministear aig a' cho-labhairt cuideachd, a' togail aire dhaoine chun tachartasan agus a' toirt ùrlar nas àirde don thachartas agus na h-Eileanan mar àite far a bheil a' Ghàidhlig Beò agus Cudromach.

- **Gàidhlig a neartachadh mar chànan taobh a-staigh an teaghlaich**

Aig a' cho-labhairt bidh àite ann airson òigridh agus inbhich, le pàrantan is cothrom fios a thoirt seachad air dòighean as èifeachdaiche seo a dhèanamh san àm ri teachd.

- **Gàidhlig a neartachadh mar chànan sa choimhearsnachd**

Co-labhairt – le bhith a' cur seo air dòigh an Steornabhagh, tha sinn a' dearbhadh gur e seo an àite as làidir agus as taiceal a thaobh a bhith a' cumail is a' neartachadh Gàidhlig sa' choimhearsnachd. Bidh suas ri 200 bho air feadh na dùthcha a' thighinn còmhla, a' toirt aithne is àite don bhaile agus na h-Eileanan mar coimhearsnachd Gàidhlig.

- **An àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan àrdachadh**

Co-labhairt – B' e amas na co-labhairt luchd-obrach is coimhearsnachd na Gàidhlig a thoirt còmhla gus plana dhèanamh airson tomhais dè na ceumanan as cudromaiche seo a dhèanamh. Plana agus gnìomh gus am bidh seo aig mullach amasan na buidhnean sna bliadhnaichean air thoiseach.

**Cuin a bhios am Pròiseact a' tòiseachadh, agus a' crìochnachadh? /**

*When will the Project commence, and be completed?*

Thèid a' cho labhairt a chumail air 25 Gearran 2024.

**COSGAISEAN A' PHRÒISEICT /**  
PROJECT COSTS

Innsibh dhuinn sna bucais gu h-ìosal dè na cosgaisean a tha an lùib a' phròiseict /

Please indicate in the boxes below what the costs of the project are:

£

**COSGAISEAN LUCHD-OBRAICH / STAFFING COSTS**

3600

**TACHARTASAN / EVENTS**

**UIDHEAMACHD ÙR / NEW EQUIPMENT**

**COSGAISEAN DEALBHAI DH NO OBAIR-DEALBHAI DH /**  
DESIGN OR PRODUCTION COSTS

3750

**COSGAISEAN TOGLAICH NO OIFIS /**  
BUILDING OR OFFICE COSTS

500

**FOILLSEACHADH NO SANASACHD /**  
PUBLISHING OR ADVERTISING

**SIUBHAL / TRAVEL**

8100

**EILE / OTHER**  
Mìnich gu h-ìosal: / Specify Below:

15950 =  
£19140

.....Tha sinn air 20% a chur mu choinneamh a' phroiseact mar contingency.....

**COSGAISEAN A' PHRÒISEICT GU LÈIR /**  
TOTAL PROJECT COSTS

18750

**COSGAISEAN A' PHRÒISEICT**  
**ANN AN DOIMHNEACHD /**  
*DETAILED BREAKDOWN OF*  
*PROJECT COSTS*

**Innsibh dhuinn sa bhucas gu h-ìosal, ann am barrachd doimhneachd, ciamar a tha cosgaisean a' phròiseict a' briseadh sìos. /**

*Please provide, in the box below, a more detailed breakdown of the project costs.*

Co-labhairt  
Manaidsear phròiseact – 12 X £300 - £3600  
Youth/Education speakers Travel & Accommodation – £5,400  
CnaG Travel & Accommodation – £2,700  
Venue - £500  
Catering - £1500  
Eadar theangachadh beò - £250  
Uidheamachd/fuaim/camar +neach taic - £1500  
Sruth beò/eadar-lìon+gearadh/deasachadh - £500  
£15,950  
  
Iomlan (le contingency 20%) - £19,140

**TAIC-AIRGID EILE /**  
**OTHER FUNDING**

**£**

**BHO MHAOIN FHÈIN / FROM OWN RESOURCES**

1540

**BHO BHUIDHNEAN EILE / FROM OTHER ORGANISATIONS**

**Mìnich gu h-ìosal: / Specify Below:**

..... Iomairt na Gàidhealtachd .....

7000

..... Bòrd na Gàidhlig

3600

**Urras Brosnachaidh na Gàidhlig**

3000

**BHO BHUNAITEAN EILE / FROM OTHER SOURCES**

**Mìnich gu h-ìosal: / Specify Below:**

.....

**TAIC-AIRGID EILE GU LÈIR /**  
**OTHER FUNDING IN TOTAL**

15,140

£

**TAIC-AIRGID GU LÈIR A THATHAR A' SIREADH  
BHO CHOMHAIRLE NAN EILEAN SIAR /**  
*TOTAL FUNDING SOUGHT FROM COMHAIRLE NAN  
EILEAN SIAR*

4000

**BARRACHD FIOSRACHAIDH /**  
**ADDITIONAL INFORMATION**

**Ma tha feum agaibh, cleachdaibh am beàrn seo gus innse dhuinn mu dheidhinn càil eile a thathar a' faireachdainn a bheireadh taic dhan iartas: /**

*If necessary, use this space to tell us about anything else which it is felt would support this application:*

Bha Comhairle nan Eilean Siar a-measg na buidhnean a thòisich Comunn na Gàidhlig bho chionn 40 bliadhna. Thar an ùine sin, tha an ceangail eadar an dà bhuidheann air a bhith làidir agus tha a' Chomhairle fhathast air an riochdachadh air bòrd stùiridh CnaG. Tha a' Chomhairle cuideachd a' cumail taic ri 7 dreuchd CnaG anns na h-eileanan an Iar, a' cur gu mòr ris an obair leasachaidh is òigridh a tha a' gabhail àite.

'S e cothrom a tha seo neart na Gàidhlig a thoirt gu aire sluaigh nan Eilean Siar agus co-obrachadh a shealltainn is a bhrosnachadh. Cuideachd, a Ghàidhlig a thaisbeanadh agus a shanasachd le diofar chùirmean a chuireas ris an obair a tha a' gabhail àite agus le obair chudromach a bhios a' cur ris na coimhearsnachdan seo sna bliadhnaichean a tha romhainn.

Tha CnaG a' comharrachadh dà fhichead bliadhna bho chaidh a stèidheachadh ann an diofar dhòighean, nam measg tha sinn ag amas air co-labhairt mu leasachadh na Gàidhlig ann an Steòrnabhagh, an luib 'Seachdain na Gàidhlig' 2025. Tha sinn ag amas air co-labhairt a bhios a' coimhead air na h-adhartasan a th'air a bhith ann bho steidhichear CnaG an toiseach ann an 1984 - oir tha e cudromach aithneachadh gum bheil gnìomh/adhartas air a bhith ann. Iarraidh sinn beachd orrasan a bha an luib an iomairt aig an àm am bheil sinn far an robh dùil aca? Am bheil adhartas gu leòr air a bhith ann? Ach gu sònraichte tha sinn airson coimhead air adhart - dè na amasan/ceuman/beàrn a tha a dhìth air an obair leasachaidh san là th'ann.

Às aonais taic airgid fa leth chan urrainn do ChnaG a' cho-labhairt a ruith, le sin chan eil sinn air a dhol an sàs ann an deasachadh mionaideach fhathast, ach bhiodh sinn an dùil gum biodh na leanas am measg an luchd-labhairt:

Feadhainn de seann Cheannardan no Cathraichean ChnaG;

Ministear na Gàidhlig Ceit Fhoirbeis (no eile, mar a biodh ise san dreuchd fhathast);

Riochdaireach òigridh na Gàidhlig; Luchd-innleachd/luchd-acadamig; Riochdairean bho na coimhearsnachdan Ghàidhlig.

Mar phrìomh amas ged tha tha sinn airson brath a gabhail air a cheann-bliadhna seo gus cothrom a thoirt dhan "choimhearsnachd leasachaidh" deasbad a dhèanamh mu ciamar a tha iadsan a' faicinn cùisean, agus dè na prìomhachasan a bhiodh aca san àm ri teachd. Nì sinn seo le co-labhairt air leasachadh na Gàidhlig, ann an Steòrnabhagh, sa Ghearran 2025, ceangailte ri 'Seachdain na Gàidhlig'. Ann an eachdraidh ChnaG b' àbhaist dhaibh a bhith a' cuir air dòigh 'Comhdhail na Gàidhlig' gach bliadhna, no gach dàrna bliadhna. Cothrom dhan choimhearsnachd leasachaidh a thighinn còmhla airson gnothachan a dheasbad is gnìomhan ùr a mholadh. B'e rudan cliùiteach a bh'unnta, le riochdairean an sàs bho àrd san Riaghaltas. Tha sinn a' faireachdainn gum bheil dìth chothroman chonaltraidh seo air a bhith na bhacadh air an iomairt leasachaidh san fharsuingeachd, agus mathaid air cùl cuid de na 'sgaraidhean' a tha a' nochdadh. Ma shoirbhicheas leinn, is leis an eòlas a thogadh sinn bhon am pròiseas seo mathaid gum biodh sinn airson coimhead ris an sreath co-labhairtean seo ath-stèidheachadh - ach 'se ceum eile tha siud seachad air an tagradh seo fhèin.

Bhiodh làn fòcas a cho-labhairt air an obair leasachaidh. A' crochadh air ceann-bliadhna 'CnaG@40' dheànadh sinn ceangal eadar an eachdraidh agus an là th'ann. Tha dùil againn am prògram a thòiseachadh le còmhraidh le feadhainn de na seann 'Cheannardan' aig CnaG. A' coimhead air ais, am bheil iadsan a' faicinn gum bheil gnothachan air gluasad mar a bhathas an dùil; am bheil sinn air adhartas a dhèanamh mar a bha iadsan a' sùileachadh? Dè na cnapan-stara a bha romhpa. Dè na beàrnan th'ann fhathast. An uairsin a bhith a' gluasad chun là th'ann. Bhiodh sinn ag amas air riochdaire bhon Riaghaltas - Ministear na Gàidhlig Ceit Fhoirbeis.

Bhiodh sinn airson guth làidir a thoirt dha feadhainn sa choimhearsnachd, ach gu sònraichte an òigridh. Bu mhath leinn gu mòr làthaireachd àrd fhaicinn bhon òigridh is le sin bidh sinn a' cleachdadh an eòlas againn fhèin air a choimhearsnachd òg, cuide ri luchd-taic anns na h-oilthighean gus cothrom a thabhan dha feadhainn òga siubhal dhan cho-labhairt agus am beachdan thoirt seachad.

Bhiodh sinn ag amas cuideachd air a cho-labhairt a bhith ri fhaighinn beò air an eadar-lìon, ged a bhios againn ri stiùir/taic phroifeiseanta fhaighinn mu choinneamh an gnìomh a tha siud.